

## Sgeama Measaithd a' Chomuinn Ghàidhealaich

There are 3 Levels for the Bronze Card and 3 sample conversations for each level, (with the exception of Level 1 which has 2 sample conversations) giving a total of 8 sample conversations. The sample conversations are **only examples** to illustrate how the key structures **could** be used in conversation. During the testing, it is not expected that these conversations are followed verbatim. The actual conversations should be as natural as possible while incorporating the key structures. For more detailed information on testing procedures, please see the *Learners' Guide for An Comunn Gàidhealach* assessment scheme.

To attain the Bronze Card, the learner must succeed at all 3 levels and attain at least 50% in the use of the key structures. These are underlined in the conversations. At least 50%, i.e. 10 out of 20, should be attained for each conversation assessed at each level before moving on to the next level.

Please note that, although the –ibh forms are sometimes used in the following, the use of thu / sibh, leat / leibh etc is entirely up to the participants and they will be guided by what they feel comfortable with.

### Ìre 3 / Level 3, Còmhradh 1 / Conversation 1

Neach-measaithd (NM)

Neach-ionnsachaidh (NI)

NM: Dè do chor a-nis?

NI: Tha mi gu dòigheil, tapadh leibh. Dè ur cor fhèin?

NM: Cor math, chan eil dona idir.

NI: Glè mhath.

NM: Faoadaidh sinn a-nis a dhol gu ìre 3, tha mi a' smaoineachadh. Dè do bheachd?

NI: Tha sin math, rinn mi ìre 2.

NM: Math dha-rìribh, ma-thà. A bheil thu eòlach air Sìne Nic Rath? Tha i ag ionnsachadh Gàidhlig.  
Tha i à Inbhir Nis.

NI: Chan eil mi eòlach oirre idir. Cò ris a tha i coltach?

NM: Tha i àrd agus bòidheach. Tha falt donn oirre agus tha sùilean gorma aice. 'S e boireannach gasta a th' innte. Tha i anns a' chòisir, tha mi a' smaoineachadh.

NI: Och, tha cuimhne agam oirre. 'S e boireannach bòidheach a th' innte. Chan eil mi ro eòlach oirre idir ach rugadh i ann an Uibhist a Deas.

NM: O, a bheil sin ceart agus càit an do rugadh sibhse?

NI: Rugadh agus thogadh mi ann am Barraigh ach tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis.

NM: O, math dha-rìribh. 'S e àite snog a th' ann am Barraigh. Cuin a dh'fhàg sibh Barraigh?

NI: Dh'fhàg mi deich bliadhna air ais.

NM: Mòran taing, tha sinn a-nis a' dol gu còmhradh a dhà.

NI: Glè mhath.

**Ìre 3 / Level 3,**  
**Còmhradh 2 / Conversation 2**

NM: Am faod sinn bruidhinn mu latha dheth?  
NI: Faodaidh, gu dearbh.  
NM: An robh latha dheth agad Disathairne?  
NI: Bha, bha mi dheth Disathairne.  
NM: An do chòrd e riut? Dè bha thu a' dèanamh?  
NI: Chòrd, bha mi ag èisteachd ris an rèidio anns a' mhadainn agus bha mi a' cluich ball-coise fad an fheasgair.  
NM: Chluich thu ball-coise?  
NI: Chluich, tha mi a' cluich a h-uile Disathairne.  
NM: Glè mhath, agus dè rinn thu às dèidh a' ghèam?  
NI: Choinnich mi ri caraidean agus chaidh sinn dhan taigh-òsta airson pinnt. An robh latha dheth agad Disathairne?  
NM: Bha, ach bha mi anns an leabaidh. Bha mo dhruim goirt.  
NI: O, tha mi duilich. A bheil e nas fheàrr?  
NM: Tha, tha e nas fheàrr a-nise. Bha mi ag obair anns' ghàrradh agus ghoirtich mi mo dhruim.  
Am faca tu am prògam a-ràoir air BBC Alba air gàirnealaireachd?  
NI: Chunnaic, chunnaic mi am prògram, bha e math.  
NM: Am bi thu fhèin ag obair anns a' ghàrradh?  
NI: Cha bhi, ach bidh a' bhean agam ag obair anns a' ghàrradh. 'S toigh leatha an gàrradh.

**Ìre 3 / Level 3,**  
**Còmhradh 3 / Conversation 3**

NM: A bheil thu deiseil airson còmhradh eile?  
NI: Tha, tha mi deiseil.  
NM: Glè mhath, cuin a thòisich thu air Gàidhlig ionnsachadh?  
NI: Thòisich mi o chionn dà bhliadhna aig clas-oidhche.  
NM: Cuin a bhios tu a' dol dhan chlas-oidhche?  
NI: Bidh mi a' dol ann aig seachd uairean Oidhche Luain.  
NM: Am bi thu a' dràibheadh ann no am bi thu a' dol air bus?  
NI: Bidh mi a' faighinn lioft no a' gabhail trèan. Dè bhios tu a' dèanamh Oidhche Luain?  
NM: Bidh mi aig an taigh. Cha bhi mi a' dol a-mach tric. Tha e blàth a-staigh an seo. Am faod mi uinneag phosgladh?  
NI: Faodaidh gu dearbh, tha e uabhasach blàth.  
NM: Tha sin nas fheàrr.  
NI: Cha bhi thu a' dol a-mach tric?  
NM: Cha bhi, fhuair mi coimpiutair ùr. Bidh mi aig a' choimpiutair fad an fheasgair.  
NI: A bheil sibh pòsta? Am bi a' bhean toilichte?  
NM: (a' gàireachdainn) O tha, phòs sinn o chionn fichead bliadhna. Cuin a phòs sibhse?

- NI: Phòs sinn o chionn còig bliadhna deug nuair a bha mi fichead 's a còig agus bha Sandra fichead.
- NM: Math dha-rìribh agus mòran taing. Sin an còmhchradh mu dheireadh.